



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Faodar a sgaoileadh sa bhad**

**10/02/2014**

### **Bòrd na Gàidhlig a' Foillseachadh Leabhran Ùr mu Dhreuchdan Gàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig air leabhran Gàidhlig ùr fhoillseachadh an-diugh le fiosrachadh air cuid den liuthad chothrom a gheibh daoine le Gàidhlig air dreuchdan.

'S ann air sgoilearan àrd-sgoile a tha an goireas ag amas, agus san leabhran tha beachdan ann bho 16 daoine a tha air soirbheachadh ann an 8 diofar raointean obrach agus iad a' bruidhinn air na dreuchdan aca agus mar a tha Gàidhlig air buaidh a thoirt air an obair agus am beatha fhèin. Am measg na feadhna a tha nochdadh san leabhar, tha Gàidheil gu math aithnichte leithid an neach-ciùil Julie Fowles agus an craoladair bhon BhBC, Kirsteen NicDhòmhnaill.

Thuirt Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Ionnsachadh is Cànanan na h-Alba agus a tha nochdadh san leabhran: "Tha a' Ghàidhlig air a bhith glè phrìseil agus feumail dhomh agus tha i air cothrom a thoirt dhomh coinneachadh ri iomadh Gàidheil tàlantach agus dìoghrasach air feadh na h-Alba, daoine a tha sealltainn do chàch na buannachdan agus an luach a gheibh sibh sa chànan. Bu chòir dhuinn a bhith gu math dòchasach mu dheidhinn chùisean, oir tha an uiread de chothroman ann Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh a-nis, leis mar a tha coimhearsnachdan, buidhnean agus daoine a' cleachdadh agus a' dol an sàs sa chànan. Tha a-nis tòrr a bharrachd obraichean ann thar caochladh raointean proifeiseanta far a bheil Gàidhlig a dhìth. Tha mi an dòchas gun dèan an stiùireadh ùr seo sanasachd air mar a tha Gàidhlig na buannachd a thaobh dhreuchdan agus gum broснаich e sgoilearan a bhith cur amasan àrda romhpa."

A' cur fàilte air an leabhran ùr, thuirt Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: "Tha sinn air leth toilichte a bhith foillseachadh an leabhraìn seo, a tha a' sealltainn feadhainn de na dreuchdan far am bi daoine a' cleachdadh Gàidhlig. Faodaidh cànanan a bhith mar sgìl a bharrachd dhut nuair a tha thu a' sireadh chothroman obrach no ag amas air dreuchd ùr a thoirt a-mach, agus tha an leabhran seo a' toirt sealladh dhut air cuid den phailteas dhreuchdan far am faod Gàidhlig a bhith air leth feumail dhut agus, aig amannan, far a bheil Gàidhlig riatanach. Ann an Alba an-dràsta, tha mu 20,000 duine cloinne agus inbheach ag ionnsachadh Gàidhlig, agus dhaibhsan tha a' Ghàidhlig na neart agus na feart sònraichte. Chan e a-mhàin gun toir i barrachd chothroman obrach dhaibh, ach cuideachd tha Gàidhlig a' cur ri

**Bòrd na Gàidhlig**  
Brath Naidheachd  
*Press Release*



am beatha gu pearsanta, a thaobh cultair, agus leis an iomadh càirdeas a nì iad tron chànan.”

Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a’ toirt taic don phròiseact ’s thuir an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig bhon bhuidhinn, Derek MacCoinnich: “Tha e nas follaisiche na bha e riamh gu bheil dà chànan na bhuannachd do dhaoine nuair a thig e gu obraichean, agus tha an leabhran seo a’ sealltainn mar a dh’fhaodas Gàidhlig do chuideachadh a thaobh chothroman obrach. Tha LSA air a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus dòighean a lorg a nì sanasachd air na cothroman a bheir Gàidhlig dhut a thaobh dhreuchdan. Thug iad cuideachadh air leth feumail dhuinn nuair a bha sinn a’ cruthachadh na h-earrainn ùir Ghàidhlig den làrach-lìn againn [www.myworldofwork.co.uk/section/gaelic-careers](http://www.myworldofwork.co.uk/section/gaelic-careers) a tha na ghoireas fìor mhath eile le fiosrachadh do dhaoine òga mu na dreuchdan Gàidhlig a th’ ann. Cuideachd, tha sinn uabhasach toilichte gu bheil sinn a’ planadh tachartas mu Dhreuchdan Gàidhlig còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus luchd-compàirt eile, a thèid a chumail nas fhaide air a’ bhliadhna. Seallaidh sinn do dhaoine, uair eile, gu bheil iomadh seòrsa dreuchd ann far am faod iad Gàidhlig a chleachdadh.”

## **CRÌOCH**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 07557 481 081.**

*Fiosrachadh do Luchd-deasachaidh:*

*An cois seo: Duilleag bhon leabhran, Dreuchdan Gàidhlig. Gus lethbhreac didseatach den leabhran fhaotainn air-loidhne, tadhlaibh air: <http://www.teagasq.com/gd/index.php/dreuchdanqaidhlig>.*



## For Immediate Release

**10/02/2014**

### **Bòrd na Gàidhlig Launch Gaelic Careers Booklet**

Bòrd na Gàidhlig today announced the release of a new Gaelic booklet showing some of the many career opportunities open to those who speak the language.

The resource, primarily directed at Secondary School pupils, interviews 16 successful individuals across 8 different sectors about their careers and looks at how Gaelic has enhanced their working and personal lives. Familiar faces featuring in the booklet include musician Julie Fowles and BBC broadcaster Kirsteen MacDonald.

Minister for Learning and Scotland's Language's, Dr Alasdair Allan, is also featured in the booklet. He said: "I have gained so much from speaking Gaelic and meeting so many of the gifted and passionate speakers across Scotland who are helping more and more people realise its benefit. We are in an incredibly positive place with so many opportunities to learn and use Gaelic as communities, organisations and individuals embrace the language. There are now many more jobs demanding Gaelic speakers in a range of professions. I hope that this new guidance will highlight the extra advantage Gaelic speakers have and encourage ambitious goals in our pupils."

Also welcoming the launch, Bòrd na Gàidhlig's Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "We are very pleased to be launching this booklet illustrating some of the careers where Gaelic is used. When it comes to career and job opportunities, languages can be an additional skill in the job market, and this booklet focuses on just some of the many careers where Gaelic can be a very valuable commodity, and in some cases, an essential. In Scotland at the moment there are currently approximately 20,000 children and adults learning Gaelic who see the language as an asset, not only as a way to increase employability but also find it socially, personally and culturally enriching."

Supporting the project, Skills Development Scotland's Gaelic Development Officer Derek MacKenzie said: "The advantages of being bilingual in the workplace are more apparent than ever and this brochure demonstrates how speaking Gaelic can enhance your job prospects. SDS has been working closely with Bòrd na Gàidhlig to find ways to promote career options the Gaelic Language presents. Their support in developing our new Gaelic section on [www.myworldofwork.co.uk/section/gaelic-careers](http://www.myworldofwork.co.uk/section/gaelic-careers) was invaluable and provides another fantastic resource to inform young people all about the jobs on offer for Gaelic speakers. We are also delighted to be

**Bòrd na Gàidhlig**  
Brath Naidheachd  
*Press Release*



planning a Gaelic Careers event with Bòrd na Gàidhlig and other partners, taking place later this year, which will once again show the diverse range of Gaelic careers.”

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or by phoning 07557 481 081.**

*Notes to editors:*

*Attached. Page of Dreuchdan Gàidhlig (Gaelic Careers) booklet.*

*For an online version of the booklet please visit: <http://www.teagasg.com/gd/index.php/dreuchdanqaidhlig>.*